

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

7/11/24, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Calum MacLeòid (sa Chathair) Calum Steele (puingean 7 air adhart)
Ingrid NicEanraig Lachlan Peel (puingean 7 air adhart)
Iain Moireasdan (neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)
Scott Smyth [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd) – puingean 5 & 9
Iain MacGilliosa [IG] (Manaidsear IT) – puing 6
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd) – puingean 7-9
Marina NicDhòmhnaill [MMD] (Manaidsear Oifis) – puingean 8 & 9
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Scott McCready [SM] (neach-sgrùdaidh bho wbg) – puing 6c

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (12/9/24) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Calum MacLeòid agus daingnichte le Ingrid NicEanraig.

3.2 GAE - Comharraichte.

4. Pasgan Cunntasachd Q2 2024-25

4.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh nam ball.

4.2 Chaidh deasbad a dhèanamh air an urrainn dhuinn cothromachadh banca ìosal a bhith againn aig deireadh na bliadhna ionmhais no am feum sinn gu leòr a chumail gus cosgaisean mìos slàn a

chòmhdach. Fhuair sinn ar litir maoinachaidh tabhartais agus a' chiad chuibhreann anmoch sa Ghiblean 2024, ag adhbhrachadh dàil ann an sruth-airgid riochdachaidh. Bhiodh seo air a bhith na bu mhiosa buileach mura biodh sinn air stòras gu leòr a chumail nar cunntas airson a' chiad dà sheachdain den mhìos a chòmhdach.

4.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

5. **OKR/KPI Dashboard Q2 2024/25**

5.1 Bha phàipear agus KPlan/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.

5.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

6. **Frèam-obrach Dearbhadh**

Dashboard/ aithisg adhartais

6.1 Bha *dashboard* agus aithisg adhartais air beulaibh bhall agus bhruidhinn SMD mun phàipear.

6.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

In-sgrùdadh – Smachdan Ionmhais & Foill

6.3 Chaidh fàilte a chur air SM chun na coinneimh agus chaidh e tron sgrùdadh.

6.4 Thuirt e gur adhbhar an sgrùdaidh gèilleadh a dhearbhadh a rèir nan smachdan ionmhais agus na smachdan a bha nan àite gus casg a chuir air foill.

6.5 Bha an sgrùdadh seo ag amas air dearbhadh a thoirt seachad gu bheil na smachdan ionmhais ag obrachadh gu h-èifeachdach.

6.6 Thuirt e gun deach sgrùdadh a dhèanamh air na pròiseasan a bha nan àite gus dèanamh cinnteach gun deach cumail ris na smachdan agus gu bheil sgrùdadh dha dhèanamh gu cunbhalach.

6.7 Le co-dhùnadh an sgrùdaidh gu robh MG ALBA aig ìre dearbhadh “susbainteach”, thug e iomradh air na molaidhean a bha san aithisg.

6.8 Bhruidhinn SMD mu na molaidhean agus thuirt DC gu robhas a' cur fàilte air na molaidhean agus gum biodh iad a' cur ri obair sìor-leasachaidh na buidhne.

6.9 Thuirt SM gu robh e toilichte faicinn an deit a bha mu choinneimh nam molaidhean a chur an sàs.

6.10 Chaidh taing a bhuileachadh air SM agus dh'fhàg e a' choinneamh.

6.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

Aithisg shònraichte air Dìon-saidhbear

6.12 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn IG mun phàipear.

6.13 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

Aithisg shònraichte air Plana Leantainneach Gnothaich

6.14 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.

6.15 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte

Clàr Riosgan

6.16 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.

6.17 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte gu robh na trì riosgan as àirde air an comharrachadh agus gu robh gnìomhan iomchaidh mun coinneimh.

Trèanadh Riosg

6.18 Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh don Chomataidh trèanadh riosg a dhèanamh, le cuireadh a thoirt do bhuill eile a' Bhùird eile agus luchd-obrach no dhà.

6.19 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte gu bheil an trèanadh iomchaidh.

6.20 **Gnìomh:** thèid coimhead ri seo a dhèanamh timcheall air coinneamh bùird sa Mhàrt 2025 no air-loidhne. **(MAMI)**

7. Lèirmheas bhliadhnail phoileasaidhean

7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall leis an sgrùdadh bhliadhnail air frèam poileasaidh na buidhne, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil sgrìobhainnean riaghailidh agus poileasaidhean na buidhne coileanta agus chaidh deasbad a chumail.

7.2 Chaidh ceistean a chur a thaobh ìre ullachaidh na buidhne mu choinneimh na atharrachaidhean poileasaidh a bha Riaghaltas ùr na RA a' moladh. Thuirt MMD gu robh i fhèin agus an neach-comhairleachaidh HR mothachail agus a' cur nithean an sàs.

7.3 Chaidh ceist a chur a thaobh a bheil lèirmheas gach trì bliadhna gu leòr airson cuid a phoileasaidhean, leithid IT a tha a' gluasad cho luath

7.4 Bha aithne ann gum b' urrainn an siostam a neartachadh le bhith a' cur air dòigh "updates" cunbhalach bho eòlaichean air ùrachaidhean agus riaghailtean ùra san lagh, HR agus IT.

7.5 Chaidh innse gu bheileas a' coimhead ri dà phoileasaidh ùra - sàrachadh cleamhnasach (Sexual Harassment) agus Foill (Fraud).

7.6 Chaidh innse don Chomataidh gu bheileas dol a dhèanamh cinnteach gu bheil gach poileasaidh ann an Leabhar-làimhe na buidhne gu bhith comasach air fhaicinn mar phoileasaidh fa leth agus cuidichidh seo le deitichean lèirmheas mar a chaidh a thogail san sgrùdadh Foill.

7.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

7.8 **Gnìomh:** thig pàipear chun na h-ath choinneimh a' cur nan nithean seo fan comhair. **(MAMI)**

8. Aithisg bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd 2023/24

- 8.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnail air Slàinte is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.
- 8.2 Bhruidhinn MMD mun aithisg bhliadhnail air beulaibh bhall. Bha an aithisg bhliadhnail seo airson na bliadhna gu deireadh an Dàmhair 2024 a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974* agus a' dearbhadh gu bheil an t-àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir. Bha an aithisg a' cur an gnìomh an Dàrna Loidhne Dìon (ann am pàirt) agus an Treas Loidhne Dìon (gu h-iomlan) mar a thathas a' sùileachadh anns am Frèam-obrach Dearbhaidh.
- 8.3 Leòintean agus tubaistean - chaidh a dhaingneachadh gum bu chòir a h-uile *near miss* a chlàradh agus aithris.
- 8.4 Chaidh iarraidh sgèile-ama na h-aithisg agus adhbhar na h-aithisg a dhèanamh soilleir.
- 8.5 Thèid na ceanglaichean san aithris a bha briste an cur ceart.
- 8.6 A thaobh drile-teine, thuir MMD gu robhas dol a chumail fear san Fhaoilleach.
- 8.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta leis an Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd.
- 8.8 **Gnìomh:** 1) an aithisg Slàinte & Sàbhailteachd, nuair a thèid na h-atharraichidhean gu h-àrd an dèanamh, air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh an Dùbhlachd airson aonta. (MMD)

9. Dearbhadh HR

Ro-uallach (Stress)

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air toraidhean as ùire às an t-Suirbhidh-Chuise aig MG ALBA a bhuineas do ro-uallach agus bhruidhinn SS mu dheidhinn.
- 9.2 Chaidh deasbad a chumail mu na freagairtean a bha a' dol an aghaidh a chèile no a bha feumaich air barrachd rannsachaidh – mar eisimpleir, adhbharan airson cus uallach obrach. Thuir DC gu robh am buidheann, fo stiùir SS, gu bhith ag obair air ceumannan “problem-solving” a stèidheachadh, airson dèiligeadh le cùisean a bha an luchd-obrach a' togail no a' modhachadh agus a tha feumach air fuasglaidhean.
- 9.3 Chaidh ceist a chur a thaobh an siostam sgòraidh agus thèid fiosrachadh a chuirteachadh mun sin le mìneachadh. (SS)
- 9.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 9.5 **Gnìomh:** thèid coimeas a dhèanamh air ciamar a tha am buidhnean a' dèanamh an taca ri buidhnean eile.

Neo-làthaireachd (Absence)

9.6 Bha pàipear air beulaibh bhall gus fiosrachadh iomchaidh a thoirt don Chomataidh air cùisean luchd-obrach is cosnadh airson a' chairteil gu 30/9/24

9.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte.

10. Aithisg-cleachdaidh Cairtean Creideis

10.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh gus dearbhadh a thoirt do bhuill gu bheil cairtean creideis gan cleachdadh gu h-iomchaidh agus chaidh deasbad a chumail.

10.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte, le aithne gum bi seo air clàr na Comataidh dà uair sa bhliadhna.

10.3 **Gnìomh**: thig fiosrachadh a thaobh *subscriptions* air ais chun na h-ath choinneimh. **(SMD)**

11. Lèirmheas Sochairean Luchd-obrach

11.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh mun adhartas leis an ath-sgrùdadh leantainneach air sochairean luchd-obrach agus chaidh deasbad a chumail.

11.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte, le aithne gu bheil na pròiseasan co-cheangailte iomchaidh airson na Comataidh seo ach gur dòcha gum bi fiosrachadh ann an doimhneachd nas iomchaidh airson aire na Comataidh Lèirsinn agus gum bi seo an cuspair air clàr na Comataidh seo dà uair sa bhliadhna.

11.3 **Gnìomh**: thig pàipear chun na h-ath choinneimh. **(SMD)**

12. GISBE

12.1 Cha robh gin.

13. Deit na h-ath choinneimh – 13/2/25

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: